

STORYWORLDS



A' Bhana-phrionnsa agus am Peasair



Air ath-innse le Margaret Nash • Na dealbhan Liz Catchpole

A' Bhana-phrionnsa agus am Peasair



Air ath-innse le Margaret Nash
Na dealbhan Liz Catchpole
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Uair bha siud bha prionnsa a' coimhead
airson bana-phrionnsa airson a pòsadh.
“Càite an lorg mi bana-phrionnsa?”
thuirt am prionnsa.
“Feumaidh tu falbh gus an lorg thu tè,”
thuirt an rìgh agus a' bhànrigh.



Dh'fhalbh am prionnsa air cuairt.
Choimhead e anns a h-uile pàirt dhen
rìoghachd.
Ach cha do rinn sin feum sam bith.
Chan fhaca e bana-phrionnsa a chòrd ris.



Aon latha thàinig stoirm mhòr.
Suis! rinn an dealanaich.
Bùm! rinn an tàirneanaich.
Suis! Bùm! Suis! Bùm!
Shèid a' ghaoth agus steall an t-uisge a-nuas.




Chuala iad cuideigin aig doras a' chaisteil.
"Cò tha siud?" dh'fhaighnich am prionnsa.
Thàinig an rìgh agus choimhead e.
An sin bha nighean - bog, fliuch.



“Cò thu?” dh’fhaighnich an rìgh.
“Is mise bana-phrionnsa,” thuir an nighean.
“Chan eil thu coltach ri tè,” thuir an rìgh.
“Ach chì sinn.” Thug an rìgh a-steach i.



“Cò thu?” dh’fhaighnich a’ bhànrigh.
“Is mise bana-phrionnsa,” thuir an nighean.
“Chan eil thu coltach ri tè,” thuir a’ bhànrigh.
“Ach gheibh sinn a-mach.”



“Am faod mi cadal nur caisteal?”
dh’fhaighnich an nighean.
“Faodaidh gu dearbh,” thuir a’ bhànrigh.
“Nì mi leabaidh dhut an-dràsta.”




Chuir a’ bhànrigh leabaidh air dòigh.
“Gheibh mise mach an e bana-
phrionnsa a th’ innte,” ars a’ bhànrigh.
“Cuiridh mi am peasair seo dhan
leabaidh aice.”

Chuir a' bhànrigh gràinean peasair
air an leabaidh.
An uair sin chuir i babhstair air
muin a' pheasair.



Às dèidh sin
chuir i babhstair
air muin babhstair
air muin babhstair
agus cuibhrig
air muin cuibhrig
air muin cuibhrig.



“Nis gheibh sinn a-mach an e bana-phrionnsa
a th' innte,” thuir a' bhànrigh.




“Tha do leabaidh deiseil,” ars a’ bhànrigh
ris a’ bhana-phrionnsa.

“Faodaidh tu dhol a chadal.”
Chuir an rìgh às na coinnlean
agus chaidh iad uile a chadal.



Ach cha b’ urrainn dhan bhana-phrionnsa cadal.
Chaidh i air a druim.



Chaidh i air a beul foipe.



Dh’fheuch i ri cadal air a cliathaich.
Ach cha b’ urrainn dhi cadal.



Nuair a dh'èirich iad uile thuir a' bhànrigh,
"An do chaidil thu gu math?"
"Cha do chaidil mi idir,"
thuir a' bhana-phrionnsa.
"Cha robh an leabaidh ro mhath. Bha cnap
mòr innte."



Bha a' bhànrigh uabhasach toilichte.
"S e bana-phrionnsa a tha annad gu
dearbh," thuir i.
"Cha chaidleadh bana-phrionnsa sam bith le
peasair san leabaidh aice."



Mar sin fhuair am prionnsa a bhana-phrionnsa.
Taing dhan pheasair!
Chuir iad am peasair ann an cèis ghloinne
gus am faiceadh gach neach e.

Foillsichearan Foghlaim Heinemann
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND
JOHANNESBURG BLANTYRE GABORONE
IBADAN PORTSMOUTH (NH) USA CHICAGO

© Margaret Nash 1996

A' chiad fhoillseachadh 1996

2005 2004 2003 2002 2001
10 9 8 7 6

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

Am foillseachadh seo sa Ghàidhlig 2002 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte air MRG. Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn
Gheibhear clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn

Tha Margaret Nash a' dleasadh còir mhoralta airson a bhith air a comharrachadh mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington

LAGE/ISBN 0 86152 650 3